

An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Dùbhlachd 2017 / December 2017

Cuairt-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich | An Comunn Gàidhealach Newsletter

Teachdaireachd bhon Àrd-oifigear

Tha bliadhna eile gu bhith seachad agus bidh sinn a' coimhead air ais air na h-atharrachaidhean a tha sinn air fhaicinn thairis air a' bhliadhna agus air ar beatha. Nuair a bha mise òg, bha Latha na Nollaig mar latha sam bith eile. Bhiodh m' athair a' dol a-mach dhan t-seada-beairt sa mhadainn agus a' tilleadh as deidh latha obair air an oidhche. An aon rud a bha diofar mun latha seo, 's e gum biodh dineir nas mutha againn agus 's dòcha lòn nas fhaide tron latha cuideachd. Nam biodh am breabadair ag obair, bha sin a' ciallachadh gu feumadh na bobain a lìonadh. Cha mhòr gun robh balach anns a' bhaile againn a sheachnadh an obair dhòrainneach seo air Latha na Nollaig. Bha Latha na Bliadhn' Ùire diofar ge-tà. Cha bhiodh duine ag obair air Latha na Bliadhn' Ur. Tha mòran air atharrachadh ann an ùine cho goirid.

Thill am Mòd Nàiseanta Rìoghail a Loch Abar as dèidh deich bliadhna. Ged nach saoiladh duine gur e ùine mhòr a bha seo, bha mòran air atharrachadh anns an ùine sin. Cha robh feadhainn de na gaisgich a bha an sàs ann am Mòd 2007 còmhla rinn agus tha an coimhearsnachd air atharrachadh cuideachd. Tha am Bun-sgoil Ghàidhlig ùr ann an Loch Abar na bhuannachd dhan sgìre agus bha e misneachail sgoiltean dùthchail bhon sgìre fhaicinn a' gabhail pàirt aig a' Mhòd cuideachd. Cha robh BBC Alba air tòiseachadh a' craoladh ann an 2007, ach am bliadhna, chaidh mòran den Mhòd a chraoladh beò air an seanal. Direach mar Latha na Nollaig, tha mòran de shaoghal na Gàidhlig air atharrachadh gun mothachadh dhuinn.

'S dòcha gu bheil atharrachaidhean eile air faire oirnn cuideachd. Dh' fhaodadh e bhi gum bidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig cho cudthromach airson ar cànan a dhìon 's a bha na coimhearsnachdan Gàidhlig thairis air na ginealaich a dh' fhalbh. 'S e an tele agus an rèidio a tha a' toirt dhuinn cothrom èisteachd ri ceòl na 'cèilidhean' air an robh sinn eòlach nuair a bha sinn ag èirigh suas. Tha mòran chothroman obrach ann an craoladh a-nise cuideachd do luchd-labhairt na Gàidhlig, a bhiodh air an sgapadh air feadh an rìoghachd anns na laithean a chaidh seachad.

Dh'fhaodadh atharrachaidhean a bhith ann a thaobh obair saor-thoileach aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail cuideachd san àm ri teachd. Chan urrainnear tachartas cho mòr ri seo a ruith gu tur gu saor-thoileach. Mar sin dh'fhaodadh gum biodh againn ri structar an tachartais atharrachadh gum bidh e rudeigin coltach ri structaran foghlam agus nam meadhanan. Ach bhiodh feum air suas gu 150 neach fhadadh thairis air ochd latha agus bhiodh cosgaisean anabarrach àirde na lùib. Chan urrainnear an tachartas a chur air dòigh gun stiùbhardan agus dh'fhaodadh gum bidh againn ri cùisean atharrachadh air sgàth adhbharan sòisealta agus adhbharan lagh anns an àm ri teachd.

Taing mhòr dha rìreabh dhan fheadhainn a thug taic gu saor-thoileach dhan sgioba luchd-obrach againn, a tha gu math beag, agus a chuidich gus dèanamh cinnteach gu bheil an cànan againn air aire muinntir Alba. Tha cuid ann aig nach eil mòran spèis anns a' Ghàidhlig ach tha a' chuid as motha taiceil agus tha sinn air leth taingeil airson sin.

Nollaig Chridheil agus bliadhna mhath ùr dhuibh uile as leth Stiùirichean agus Luchd-obrach a' Chomuinn Ghàidhealaich,

Iain Moireasdan, Àrd Oifigear.

Message from the Chief Executive

As another year closes we all reflect on the changes that we have seen over the year and over our lifetimes. When I was young Christmas Day was simply another working day. My father would head to the loom-shed in the morning and return in the evening after a day at work. The only concession to Christmas was a heartier meal, with a longer meal break, in the middle of the day. If the weaver worked it meant that bobbins had to be filled, and not many young boys in our village escaped the boredom of filling bobbins on Christmas Day. New Years day was different. Nobody worked on New Years day. How things have changed in such a relatively short period of time.

The Royal National Mòd returned to Lochaber in 2017 after an absence of ten years. Although a decade does not seem like a long time, things had certainly changed since 2007. Stalwarts from the 2007 Mòd were no longer with us and the surrounding community has also changed. The new Gaelic Primary School in Caol, Lochaber is a welcome addition to the Gaelic landscape and it was certainly refreshing to see rural primary schools from the wider Lochaber area attending the Mòd. In 2007 BBC Alba had not started broadcasting whereas ten years later much of the Mòd was broadcast live on the TV channel. Like Christmas Day much of our Gaelic landscape has changed without us noticing.

Perhaps these changes indicate the direction of travel for us too. Gaelic Medium Education may soon be as important to sustaining our language as the Gaelic community was in previous generations. Similarly, television and radio have in many ways supplanted the "ceilidh" that we grew up with and has also provided employment for a generation of Gaelic speakers that would have been scattered throughout the land in earlier generations.

Similarly, large numbers of participants at a Royal National Mòd cannot be sustained indefinitely on the back of voluntary effort. So, perhaps in the not-too-distant future, the event will need to be under-pinned by an infrastructure in the same manner that education and the media is now supported. The cost implications of this change will be substantial. Sourcing 150 professional stewards for a period of eight days will cost a substantial sum. Without stewards the event cannot be staged and the societal changes that we witness – not least those affected by litigation – may bring this matter to a head sooner than we expect.

As always, we are grateful to those who provided such unstinting support to a small group of staff and who contributed so much towards ensuring that our language remains in the thoughts of the wider Scottish public. Some of the wider public may be critics but the majority remain staunchly supportive and we are grateful for that support.

On behalf of the Directors and staff of An Comunn Gàidhealach we would like to thank you all for your support in 2017 and wish you a joyful Christmas followed by a healthy and prosperous New Year.

John Morrison, Chief Executive.

Nollaig Chridheil

AGUS

Bliadhna Mhath Ùr

Bho Cheann Suidhe, Stiùirichean
agus
Luchd-Obrach a' Chomuinn Ghàidhealaich





BIDH AN DÀ OIFIS AGAINN
A' DÙNADH DIHAOINE 22MH DEN
DÙBHLACHD AIRSON SAOR-LAITHEAN NA
NOLLAIG.

BIDH SINN DÙINTE GU
BILUAIN 8MH DEN FHAOILLEACH 2018



BOTH OUR OFFICES WILL CLOSE ON
FRIDAY 22ND DECEMBER FOR THE CHRISTMAS
HOLIDAYS.

WE WILL RE-OPEN ON
MONDAY 8TH JANUARY 2018



Am Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 & 2022

Tha An Comunn Gàidhealach ag aithneachadh an obair mhòr a rinn Pàislig leis an tagradh aca airson inbhe Baile Cultarail na Rìoghachd Aonaichte 2021 a chosnadh. Ged nach robh Pàislig soirbheachail aig a' cheann thall, bha an tagradh aca air leth adhartach agus cruthachail.

Aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a chaidh a chumail ann an Loch Abar bho chionn ghoirid, chaidh dearbhadh mura biodh Pàislig soirbheachail leis an tagradh aca airson inbhe Baile Cultarail na Rìoghachd Aonaichte 2021, gun deidheadh ath-sgrùdadh a dhèanamh air an dà thagradh a thàinig a-steach airson Mòd 2021. 'S ann bho Phàislig agus bho Pheairt a fhuair sinn na tagraidhean sin.

Bidh sinn a' dèanamh sgrùdadh air an dà thagradh agus gheibh an tagradh leis na comharran as àirde cothrom am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail ann an 2021 agus gheibh an tagradh eile cothrom air a' Mhòd ann an 2022. Ainmichidh An Comunn Gàidhealach far an tèid am Mòd a chumail ann an 2021 agus 2022 aig coinneamh bhliadhnail a' Chomuinn Ghàidhealaich anns a' Mhàrt 2018.

Thuit Iain Moireasdan, Àrd-oifigear a' Chomuinn Ghàidhealaich: "Ged nach robh Pàislig soirbheachail leis an tagradh aca airson Baile Cultarail na Rìoghachd Aonaichte 2021, tha sinn airson meal an naidheachd a chuir air an sgioba airson tagradh a bha air leth proifeiseanta agus cruthachail a chur ri chèile.

Tha sinn airson cothrom a thoirt dha Pàislig agus Peairt aoiheachd a thoirt don Mhòd Nàiseanta Rìoghail san àm ri teachd as dèidh an obair chruaidh a rinn iad leis an dà thagradh aca airson inbhe Baile Cultarail na Rìoghachd Aonaichte 2021. Tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ris na h-àitichean seo gus sin a thoirt gu buil anns na bliadhnaichean a tha romhainn."

Thathas an dùil gun tèid Am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail air na cinn-latha a leanas:

2021- 8mh – 16mh den Dàmhair (ri dhearbhadh)

2022- 14mh – 22mh den Dàmhair (ri dhearbhadh)

The Royal National Mòd 2021 & 2022

An Comunn Gàidhealach acknowledge the tremendous effort made by Paisley in the bid to become the UK City of Culture 2021.

The fact that Paisley was ultimately unsuccessful should not detract from the optimism and creativity that was evident in their application.

During the recent Royal National Mòd in Lochaber, it was confirmed that should Paisley's bid to become the UK City of Culture in 2021 be unsuccessful we would review the two bids that we received to host the 2021 Royal National Mòd. These bids were submitted by Paisley and Perth.

Both bids will now be scored and the bid that achieves the highest score will be offered the opportunity to host the 2021 Royal National Mòd. Once this outcome is confirmed the remaining bid will be asked to host the 2022 Royal National Mòd. The outcome will be announced by An Comunn Gàidhealach at the Annual General Meeting in March 2018.

John Morrison (Chief Executive Officer) of An Comunn Gàidhealach said:

"Although Paisley was not successful in becoming the UK City of Culture 2021 we wish to congratulate the bid team on submitting such a professional and creative bid.

We hope to assist Paisley and Perth to build on the hard work that went into the two bids to become the UK City of Culture 2021, by considering both bids to host future Royal National Mòds. The hosting of the Royal National Mòd is welcomed by both locations and we look forward to working with Perth and Paisley in the years to come."

Likely Dates: 2021 – Royal National Mòd: 8th – 16th October 2021 (Subject to confirmation)

Likely Dates 2022 – Royal National Mòd: 14th - 22nd October 2022 (Subject to confirmation)

Mòdan ri Teachd

Future Royal National Mod Dates

Dùn Omhainn – 12-20 Dàmhair 2018

Glaschu – 11-19 Dàmhair 2019

Inbhir Nis - 9-17 Dàmhair 2020

Mòd 2021- 8 -16 Dàmhair 2021 (TBC)

Mòd 2022 - 14-22 Dàmhair 2022 (TBC)



Tòraidhean Mòd 2017

Tha na tòraidhean airson farpaisean Mòd na bliadhna seo gu lèir air an làrach-lìn againn.

Bruthaibh [an seo](#) airson na tòraidhean airson gach latha.

Meal an naidheachd oirbh uile!

Mòd 2017 Results

The results for all of this year's Royal National Mod competitions are available on our website.

Please click [here](#) to view the results from each day.

Congratulations to you all!

Dealbhan bho Mòd 2017

Tha dealbhan bho Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo ri fhaicinn air an [làrach lìn](#) againn.

Ma tha sibh airson dealbhan a cheannachd, cuiribh fios gu Graham Hood:

info@grahamhoodphotography.com
www.grahamhoodphotography.com

Mòd 2017 Photography

You can view photos from this year's Royal National Mod on our [website](#).

Should you wish to purchase any prints, please contact Graham Hood directly:

info@grahamhoodphotography.com
www.grahamhoodphotography.com

Pìosan Ainmichte Mòd 2018

Gheibhear foidhlichean pìosan ainmichte Mòd 2018 ri cheannach [an seo](#).

Tha leabhraichean agus cds nam pìosan ainmichte cuideachd ri cheannach bho na h-oifisean againn ann an Inbhir Nis agus Steòrnabhagh.

Mòd 2018 Music

You can buy and download the prescribed Pieces for Mòd 2018 [here](#).

Alternatively you can buy the music books and cds from our offices in Inverness and Stornoway.

Aigeallan Airgid 2018

Feumaidh farpaisich ann an A252 (Mnathan) agus A253 (Fireannaich) òran a thaghadh a tha leantainn air cuspair sònraichte.

Airson 2018 's e 'tàladh' cuspair an òran do dh'fharpaisich ann an A252 (Mnathan) agus 's e 'òran-seilge' cuspair an òran do dh'fharpaisich ann an A253 (Fireannaich).

Silver pendant qualifying 2018

Competitors in A252 (Ladies) and A253 (Men) must choose a song which follows a theme which is specified annually.

For 2018, the theme for A252 (Ladies) is 'lullaby' and for A253 (Men) 'hunting song'

Ceann-latha airson Cairtean Gàidhlig Mòd 2018

Bithibh mothachail, bho 2018 gum feumar Measadh a dhèanamh ro cheann-latha iarrtas a' Mhòid.

Ma tha sibh airson latha measaidh a chur air dòigh no ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh na measaidhean, cuiribh fios gu Seonag Anderson: seonag@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn gu 01463 709 705.

Deadline for Mòd 2018 Gaelic Assessment Cards

Please note that from 2018 all competitors requiring Gaelic Assessment will have to gain their card before the Mod entry deadline.

If you are not sure if you need a Gaelic Assessment and would like to book a slot, or have any other questions regarding Gaelic Assessments, please contact Seonag Anderson at seonag@ancomunn.co.uk or phone 01463 709 705.

www.ancomunn.co.uk



Royal National Mòd



royalnationalmod



@NationalMod



nationalmod



Cinn Latha Mòdan 2018

Tha na Mòdan a leanas air cinn-latha a dhearbhadh airson an ath bhliadhn'.

Ma tha cinn-latha agaibh airson am Mòd Ionadail agaibh, cuiribh fios gu marina@ancomunn.co.uk agus cuiridh sinn an fhiosrachadh dhan ath iris den chuairt-litir.

Dates for 2018 Mods

The dates for the following Provincial Mods have been confirmed for next year.

If the date for your Provincial Mod has been confirmed, please forward any details to marina@ancomunn.co.uk and we will include them in the next issue of the newsletter.

Mòd Ionadail Leòdhais

Thèid Mòd Ionadail Leòdhais a chumail eadar an 5mh agus an 8mh den t-Ògmhios 2018.

Airson tuilleadh fiosrachadh cuiribh post-d gu:

peigi@ancomunn.co.uk

Lewis Provincial Mod

The Lewis Provincial Mod will take place between the 5th and 8th of June 2018.

For further information please contact:

peigi@ancomunn.co.uk

Mòd Ionadail Ìle

Thèid Mòd Ionadail Ìle a chumail air Disathairne 23mh den t-Ògmhios 2018.

Airson tuilleadh fiosrachadh cuiribh post-d gu: alisongrayislay@aol.co.uk

Islay Provincial Mod

The Islay Provincial Mod will take place on Saturday 23rd June 2018.

For further information please contact:

alisongrayislay@aol.co.uk

www.ancomunn.co.uk



Royal National Mòd



royalnationalmod



@NationalMod



nationalmod



Bliadhna na h-Òigridh 2018

Tha sinn gu math toilichte a bhith mar phàirt de na tachartasan a bhios a' gabhail aite an ath-bhliadhna airson Bliadhna na h-Òigridh ann an Alba a chomharrachadh.

Nach cum sibh sùil air na meadhanan sòisealta againn airson barrachd fiosrachadh sa bhliadhn' ùr

Year of Young People 2018

We are delighted to be a part of the exciting line-up of events celebrating Scotland's young people next year. Keep an eye out for updates on what we have planned for #YOYP2018 in the new year

Check out

www.visitscotland.com/yoyp2017

for more information on the different events taking place throughout the year.



Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018

Earrannan Ainmichte | Prescribed Pieces

Beul-aithris-Fileantaich

Orals-Fluent

C22	Ma thachras tu...
C22A(i)	Tractar Buidhe le Rothan Dubh'
C22A(ii)	Trom-Laighe
C42(i)	A' Ghealach
C42(ii)	Chuir iad ann am bothan mi
C42A(i)	Duan an Dannsair
C42A(ii)	Lag nan Cruachan
C92	Còmhdhail
C142	An roghainn fhèin



Beul-aithris-Luchd-ionnsachaidh

Orals-Learners

C26	Na Brògan Ùra
C26A	Tic Toc Ars' an Cloc
C49	Beul na h-Oidhche
C49A	Dithean Sheòrais
C100	Anns a' Mhonadh

Beul-aithris-Fosgailte

Orals-Open

C150	An roghainn fhèin
------	-------------------

Òrain na cloinne-Fileantaich

Solos-Fluent

C23	Am bodach 's an rocaid
C23A(i)	A' phiseag amaideach
C23A(ii)	Ràith a' gheamhraidh
C44(i)	Cha b' ann ri gual a gharainn thu
C44(ii)	B' e gairbhe na gaoithe
C44A(i)	An gille dubh cha tràig mi
C44A(ii)	Gille an fhèilidh
C45	Muile nam mòr-bheann
C45A	Mo chùlaibh ris a' bhaile seo
C95	Dòmhnall nan Dòmhnall
C96	O till, a leannain

Òrain na cloinne-Luchd-ionnsachaidh

Solos-Learners

C27	Tha Dadaidh ag obair
-----	----------------------



C27A	A bhanarach chaoin
C51	Am faca tu 'n gobha?
C51A	Cumha nan iasgairean
C52	Iain, a luaidh, nach pòs thu?
C52A	Thogainn fonn air lorg an fhèidh
C102	Mo ghaol air Marcas Latharna
C103	Marbhphaisg air an òige



Òrain na cloinne-Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
Solos-Fluent & Learners

C155	An roghainn fhèin
C156	An roghainn fhèin

Òrain Chòisirean-Fileantaich
Choral-Fluent

C71	'S toigh leam cruinneag dhonn nam bò (An roghainn fhèin)
C72	Òran na maighdinn-mhara (An roghainn fhèin)
C73	Siùdaibh 'illeann, gabhaidh 'm port Fear a bhios fada gun phòsadh

Òrain Chòisirean-Luchd-ionnsachaidh
Choral-Learners

C03	Hò rò hò-ù mo nigh'n donn (An roghainn fhèin)
C76	Air an tràigh (An roghainn fhèin)
C77	Bidh Clann Ulaidh (An roghainn fhèin)
C78	Seice Ruairidh Tha mi dol a dhèanamh banais
C173	Eilean beag donn a' chuain (An roghainn fhèin)
C174	Cùm ur n-aire (An roghainn fhèin)
C175	Ille chrùbaich anns a' ghleann 'S grin a' chaileag Màiri Anna

Òrain Chòisirean-Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
Choral-Fluent & Learners

C110	Ma thèid mise tuilleadh (An roghainn fhèin)
C111	Am buachaille bàn (An roghainn fhèin)



C112 Bhon chuir mo leannan cùlaibh rium
 Dh'fhalbhainn sgiobalta
 Ruidhleadh mo nighean donn



Earrann nan inbheach
Senior Section

Rian air òrain
 Musical arrangements

L409 An roghainn fhèin
 L409 An roghainn fhèin

Beul-aithris
 Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
 Orals - Fluent & Learners

A204 An roghainn fhèin - Bàrdachd a' Chiad Chogaidh
 A205 An roghainn fhèin – A' Chiad Chogadh

Òrain aon neach-Fileantaich
 Solos-Fluent

A220 An roghainn fhèin
 A221 An roghainn fhèin
 A222 Fuadhach nan Gàidheal
 A223 Cumha Coire Cheathaich
 GSL224 Òran Cladaich
 GSM224 Tuireadh
 A234 An sporan falamh

Òrain aon neach-Luchd-ionnsachaidh
 Solos-Learners

A250 A' chuairt-shamhraidh
 A251 Ho ro 's toigh leam fhìn thu
 SSL254 Bràigh Ùige
 SSM254 Long mo bhrudair

Òrain aon neach-Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
 Solos-Fluent & Learners

A271 Eilean Idhe
 A272 An roghainn fhèin



Òrain Chòisirean
Choral



- A300 Siubhal a' Choire
(Lorn Shield)
- A301 Taigh an Uillt
(Lovat & Tullibardine)
- A302 An t-Iarla Diùrach
(Margrat Duncan)
- A303 Maraiche nan Cuntan
(Sheriff MacMaster)
- A304 Cumha Cruachain
(Ladies)
- A305 Gheibhinn cadal math
(Ladies)
- A306 Siud mar chaidh an càl a dholaidh
Bat' an tàilleir
Ciobairean Taobh Loch Odha
(Puirt)
- A307 Don Stiùbhard air dha bhith fàgail a' 'Fusilier'
(Male)
- A308 Mo chuilean mìn
A chaile dhubh a' sgùlair
Gu dè thug dhan bhaile seo thu?
(Puirt)
- A309 An roghainn fhèin



Comunn na Clàrsaich

(The Clarsach Society)



Clarsach Competitions Test Pieces

ROYAL NATIONAL MOD

Dùn Omhain

2018

Co-fharpaisèan Clàrsaich – Clarsach competitions

Junior Competitions (under 18 years)

Solo singing with self-accompaniment –

B320: Own choice of two contrasting Gaelic songs with clarsach accompaniment. Not to exceed **5 mins.**

Solo playing – Introductory class for beginners (Up to Grade 1)*

B321: Own choice instrumental piece of Gaelic music.

Solo playing – Elementary (Grade 1)*

B322: a) Caisteal a' Ghlinne *Arr. Elinor Evans*
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed **3 mins.**

Solo playing – Intermediate 1 (Grade 2-3)*

B323: a) Sine Bhàn *Arr. Margaret Collin*
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed **3 mins.**

Solo playing – Intermediate 2 (Grade 3-4)*

B323A: a) Caidil mo ghaoil *Arr. Pippa Reid Foster*
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed **3 mins.**

Solo playing – Advanced (Grade 5)*

B324: a) Clachan Ghlinn da Ruaidheil *Arr. Màiri Macleod*
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed **4 mins.**

Clarsach duet – under 13 yrs

B330: Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music, not to exceed **5 mins.**

Clarsach duet – 13 to 18 yrs

B330A: Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music, not to exceed **5 mins.**

Recital Class – Grade 6 and above

B332: Open to **any players** of gut and/or wire harp. A well balanced **10 minute** programme of own choice Gaelic music, to include spoken introductions in Gaelic, or English by the competitor, who may include his/her own arrangements.

* Refers to RCS Scottish Traditional Music Exam syllabus. Own choice pieces should be of a comparable standard to those set in this syllabus.

Senior Competitions (18 years and over)

Solo playing – Elementary

- B325:** a) Theid, 's gun d'theid mi thairis *Arr. C Brown*
b) Own choice piece of Gaelic music. Not to exceed **3 mins.**

Solo playing – Intermediate/Advanced

- B326:** a) Deirdre a'Fagail na h-Albann *Arr. Isobel Mieras*
b) Own choice piece of Gaelic music. Not to exceed **3 mins.**

Solo singing with self-accompaniment –

- B327:** Own choice of two contrasting Gaelic songs with clarsach accompaniment. Not to exceed **5 mins.**

Clarsach duet –

- B333:** Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music.
Not to exceed **5 mins**

Open Competitions

Composition class –

- B329:** An original composition in the Gaelic genre lasting between 3 and 5 minutes, for
a) solo clarsach in the style of a slow air, pipe march, strathspey, jig, reel or a set of tunes, or
b) voice and clarsach

In the case of a) competitors may perform their own work or provide a player.

In the case of b) competitors may perform their own work or provide a player and/or singer.

A copy of the words (with translation) must be submitted to the Mod office. The quality of the composition will be judged - not the performance. Manuscripts are not required.

Clarsach ensemble –

- B331:** Any number of instruments or voices but to include no fewer than 3 clarsachs. Own choice of Gaelic music. Not to exceed **6 mins. No marks will be given for this class. The adjudicator(s) will give an appreciation of each performance and announce the winners.**





An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Am Mòd Pàiseanta Rìoghail

The Royal National Mòd

2018 MÒD DHÙN OMHAINN 12-20 DÀMHAIR

DUNOON 12-20 OCTOBER

2019 MÒD GHLASCHU 11-19 DÀMHAIR

GLASGOW 11-19 OCTOBER

2020 MÒD INBHIR NIS 9-17 DÀMHAIR

INVERNESS 9-17 OCTOBER

Na Mòdan Ionadail

Provincial Mòds

LEÒDHAS LEWIS

NA HEARADH HARRIS

DÙN ÈIDEANN EDINBURGH

ÀIRD NAM MURCHAN ARDNAMURCHAN

SRUIGHLEA STIRLING

GLASCHU GLASGOW

CILLE BHRÌDHE AN EAR EAST KILBRIDE

INBHIR NIS INVERNESS

CATAIBH IS GALLAIBH SUTHERLAND & CAITHNESS

AN T-EILEAN SGITHEANACH SKYE

ÌLE ISLAY

AN T-ÒBAN OBAN

UIBHIST UIST

NA DREÒLLUINN MULL

LOCH ABAR LOCHABER

BARRAIGH IS BHATARSAIGH BARRA

SIORRACHD PHEART IS AONGHAIS PERTHSHIRE & ANGUS

For Provincial Mòd dates and more go online:
www.ancomunn.co.uk

REGISTERED CHARITY NUMBER: SC001282



Bùth a' Chomuinn

*Leabhraichean Cloinne
Leabhraichean Inbhich
Cairtean Ghàidhlig
Bàbóg & CDs*



WWW.ANCOMUNN.CO.UK

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk



Gaelic CDs
Bábóg Teddy
Gaelic Greeting Cards
Gaelic Books for Adults
Gaelic Books for Children
Bùth a' Chomuinn



WWW.ANCOMUNN.CO.UK

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

SC001282

Comunn Gàidhealach an Òbain

Old New Year Cèilidh

Saturday 13th January 2018

Masonic Hall, Albany Street, Oban

7.30pm

Admission: £6.00

Featuring:

**CÒISIR
GHÀIDHLIG
AN ÒBAIN**

and solo performances from choir members

Bean an Taighe: Sileas Sinclair

Raffle and light supper

Bun-sgoil Rockfield air a Cleachdadh mar Eisimpleir airson Foghlam Gàidhlig

Tha Foghlam Alba air iarraidh air Bun-sgoil Rockfield san Òban fiolm a chruthachadh airson Goireas Leasachaidh Nàiseanta Foghlam Alba, mar sàr eisimpleir do sgoiltean eile.

'S e seirbheis leasachaidh ghoireasan agus taic foghlam a th'anns an Goireas Leasachaidh Nàiseanta. Tha seo a' toirt cothrom do sgoiltean goireasan ùr a chleachdadh airson an dòighean teagasg agus ionnsachadh a leudachadh.

Tha measgachadh de rudan air am fiolm, mar eisimpleir agallamhan le luchd-obrach agus pàrantan agus chìthear clann a' gabhail pàirt ann am Bookbug Gàidhlig agus seiseanan Leugh, Sgrìobh agus Cunnt.

Thuir an Comhairlaiche Yvone McNeilly, Oifigear Poileasaidh Foghlam airson Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid: "Meal an naidheachd air a h-uile duine aig Bun-sgoil Rockfield. Tha e na urram mhòr gun deach an sgoil a thaghadh mar sàr eisimpleir airson an Goireas Leasachaidh Nàiseanta agus tha mi an dòchas gun tèid gu math dhan a h-uile duine a tha na lùib."

Thuir Oifigear Poileasaidh airson Gàidhlig na Comhairle, Robin Currie: "'S e naidheachd air leth a tha seo airson foghlam Gàidhlig agus airson an cànan fhèin ann an sgìre Earra Ghàidheal is Bhòid. Meal an naidheachd air a h-uile duine a tha an sàs ann."

Chìthear am fiolm an seo: <https://youtu.be/QqKR13MbtQ8>

Rockfield Primary Used as Leading Example for Gaelic Education

Rockfield Primary School in Oban has been invited to create a Gaelic film for Education Scotland's National Improvement Hub, as a leading example to others.

The National Improvement Hub is a gateway to educational improvement resources and support. It provides access to resources to help schools improve practice, increasing the quality of learners' experiences and their outcomes.

The film features interviews with staff and parents, and shows children taking part in Gaelic Bookbug and a Read, Write and Count session.

Argyll and Bute Council's Policy Lead for Education, Councillor Yvonne McNeilly said: "Well done to everyone at Rockfield Primary. It is a great honour for the school to be selected as an exemplar on the National Improvement Hub and I wish everyone involved continued success."

The Council's Policy Lead for Gaelic, Councillor Robin Currie added: "This is wonderful news for Gaelic education and Gaelic as a whole in Argyll and Bute. Well done to all involved."

The video can be viewed here: <https://youtu.be/QqKR13MbtQ8>



Prionnsapal an t-Sabhail Mhòir a' leigeil dheth a dhreuchd

Bidh an t-Ollamh Boyd Robasdan a' leigeil dheth a dhreuchd mar Phrionnsapal Shabhal Mòr Ostaig as t-earrach an ath-bhliadhna an dèidh a bhith san dreuchd bhon Fhaoilleach 2009. San ùine seo, fo cheannas agus stiùireadh an Ollaimh Robasdain, tha an tuilleadh leasachaidhean agus phròiseactan cudromach air a bhith gan toirt gu buil, a' cur gu mòr ri cliù an t-Sabhail Mhòir mar Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig.

Thuir Cathraiche a' Bhùird:

"Thàinig Boyd gu Sabhal Mòr Ostaig le beairteas eòlais air teagasg is ionnsachadh na Gàidhlig aig ìre sgoile is oilthigh. Thar nan naoi bliadhna a tha e air a bhith san dreuchd, tha e air an t-eòlas sin - agus a chuid spionnaidh is dealais - a chur an sàs airson cur gu mòr ri cliù is creideas na Colaiste. Fo stiùir Bhoyd, tha Sabhal Mòr Ostaig air aithneachadh eadar-nàiseanta a chosnadh ann an rannsachadh is sgoilearachd na Gàidhlig. A-nis, feumaidh sinn neach ùr a shireadh na àite; doirbh 's gum bi e, bhitheamaid an dòchas farsaingeachd eòlais, spionnaidh agus dealais fhaighinn coltach ris na tha Boyd air sealltainn dhuinn."

Thathas a' sireadh iarrtasan an-dràsta agus gheibhear barrachd fiosrachaidh aig

www.smo.uhi.ac.uk/gd/colaiste/cothroman-obrach/

no le bhith a' fònadh gu

Nicola NicThòmais air 01471 888 301.

Sabhal Mòr Ostaig Principal Retiring

Professor Boyd Robertson will retire as Principal of Sabhal Mòr Ostaig in Easter next year, after being in the post since January 2009. In that time, under the leadership of Professor Robertson, numerous developments and projects have been achieved which have hugely added to the reputation of Sabhal Mòr Ostaig as a National Centre for the Gaelic Language and Culture.

The Chair of the Board said:

"Boyd came to Sabhal Mòr Ostaig with a wealth of knowledge about the teaching and learning of Gaelic at school and university. Throughout the nine years he has spent here, he has added hugely to the reputation and standing of the college. During his time as principal, Sabhal Mòr Ostaig has earned itself an international reputation for Gaelic research and scholarship. We hope, difficult as it may be, that his successor can bring to the college the same energy and enthusiasm and the same breadth of knowledge of the world of Gaelic as Boyd has brought"

Applications are now sought. Further information is available from www.smo.uhi.ac.uk/gd/colaiste/cothroman-obrach/

or alternatively please contact

Nicola Thomson on 01471 888 301.



Tha an t-Ollamh Boyd Robasdan air a bhith san dreuchd bho 2009.



Dingwall Gaelic Choir
Coisir Ghàidhlig Inbhir Pheofharain

Burns Supper



Friday 12 January 2018

7.00pm for 7.30pm

Dingwall Academy

Tickets: £20.00

which includes a three course meal followed by musical entertainment

**are available from June's Card Shop, Dingwall
or from Choir members.**

With a 'Malt & Bubbles Raffle' on the night!

Dingwall Gaelic Choir is a registered charity within Scotland (SC044726)

CD Nollaig aig Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar

Lochaber Gaelic School Christmas CD

Bheil sibh fhathast a' coimhead airson prèasantan Nollaig? Are you still looking for Christmas presents?

We have the perfect present for you!

Our brand new CD – Air Oidhche Nollaig/On Christmas Night is now available to buy!

The CD includes eight tracks from our children, a track from Singer and Mod Gold Medalist – Rachel Walker, a track from our Head Teacher and Traditional Gold Medalist – John Joe MacNeil, and a track from Ingrid Henderson and Iain MacFarlane.

We are very thankful to Bòrd na Gàidhlig for funding and to Old Laundry Productions for recording and producing the CD.

Post-d / E-mail: bsgla@highland.gov.uk **Fòn / Tel:** [01397 709 720](tel:01397709720)

CD's are available to buy from the School Office or by ordering online at bsgla.co.uk

CD's cost £10.

Tha sinn an dòchas gun còrd e ribh!



Clàr ùr aig Còisir Gàidhlig an Òbain

Tha Còisir Gàidhlig an Òbain air clàr ùr a thoirt a-mach bho chionn ghoirid. Chaidh an clàr a chur air bhog air an 20mh den t-Samhain. Tha measgachadh de dh'òrain à Earra Ghàidheal ri chluinntinn, air an seinn leis a' Chòisir agus le measgachadh de chluicheadairean ainmeil bhon sgìre.

Tiodhlac air leth airson na Nollaig!

Seo liosta de na h-òrain air an clàr:

* Domhnall Nan Domhnall * An Sporan Falamh * Taobh Loch Odha
* Dal An Eas * Puirt A Beul * Colla Mo Run * Mo Chulaibh * Tune
Set: The Heroes Of Vittoria / The Ball That Was In Oban / Two
Bulls In The Cockloft * Marbhrann Do Dh-Iain Ciar MacDhughail *
Ho Ro Gu Togainn Air Hugan Fhathast * Alasdair A Laoigh Mo
Cheile * Air A Ghille * Oran Do Bhonaparte

Oban Gaelic Choir Release New CD

Oban Gaelic Choir has released a new CD. The album, 'Stòras' was launched on the 20th of November. The debut album explores the riches of Argyllshire Bardachd performed by ObanGaelic Choir and some of Argyll's top musicians.

The CD would make a great Christmas gift for someone!

To order please click on the following link:

[Còisir Gàidhlig an Òbain—Stòras](#)



Sgoil MhicNeacail A soirbheachail ann an Deasbad Nàiseanta 2017!

Ghabh a' chuairt dheireannach de Dheasbad Nàiseanta nan Àrdsgoiltean 2017 àite aig Pàrlamaid na h-Alba air Diciadain 29 Samhain. Bha deasbad air leth beòthail ri chluinntinn le Clare Frances NicNèill agus Iain MacGilliosa bho Àrdsgoil Lochabair an aghaidh John Alasdair MacIlleBhàin agus Calum MacIllinein bho Sgoil MhicNeacail A. Ach, aig a' cheann thall 's iad balaich Sgoil MhicNeacail a bha soirbheachail agus theid an cuach air ais a Steòrnabhagh am bliadhna seo. 'S i Clare Frances NicNèill à Àrdsgoil Lochabair a choisinn an sgiath airson an òraidiche as fheàrr agus thug Marion NicFhionghain bho BBC Gàidhlig seachad an duais.

Bu mhath leis a' chomataidh taing mhòr a thoirt dhan na buidhnean maoineachaidh agus buidhnean a chur taic ri Deasbad 2017 - Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Sgilean Leasachaidh na h-Alba, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Baile Ghlaschu, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comunn na Gàidhlig.



Nicolson Institute A Successful at National Debate 2017

The final of the 2017 National Gaelic Schools Debate took place at the Scottish Parliament on Wednesday 29 November. A very lively debate was heard with Clare Frances MacNeil and Iain Gillies from Lochaber High School going up against John Alasdair Bain and Calum MacIannan from The Nicolson Institute A. The boys from The Nicolson eventually came out victorious and the trophy will go to Stornoway this year. Clare Frances MacNeil was presented with the best debater award by Marion MacKinnon from the BBC's Gaelic team.

The committee would like to thank the organizations who helped to fund and support this year's Debate - The Scottish Government, Bòrd na Gàidhlig, Skills Development Scotland, Comhairle nan Eilean Siar, Glasgow City Council, Highland Council and Comunn na Gàidhlig



Cothroman air Greisean-trèanaidh don òigridh Ghàidhlig tro Bhladhna na h-Òigridh 2018

Tha Bòrd na Gàidhlig, ann an co-bhanntachd le Alba Chruthachail, a' cur taic ri Bhladhna na h-Òigridh 2018 tro sgeama taic-airgid a bhios a' toirt cothroman do bhuidhnean a tha an sàs anns na gnìomhachasan cruthachail, ealain no sgrion Greisean-trèanaidh fad-bhladhna a thabhann do dhithis eadar 16-24 bliadhna dh'aois agus a tha fileanta sa Ghàidhlig.

Thèid taic bho Stòras nan Greisean-trèanaidh Cruthachail a thoirt gu sònraichte do bhuidhnean airson obair a thoirt do dhaoine òga le Gàidhlig a tha an dòchas dreuchd a thoirt a-mach sna gnìomhachasan cruthachail ach a tha 's dòcha ga fhaighinn doirbh adhartas a dhèanamh le sin.

Chuir Daibhidh Boag, an Stiùiriche Planadh Cànanais is Leasachaidhean Coimhearsnachd aig Bòrd na Gàidhlig, fàilte air an iomairt seo aig Alba Chruthachail agus e ag ràdh: "Tha sinn toilichte a bhith ag obair ann an co-bhanntachd le Alba Chruthachail air an iomairt seo airson cothroman a thoirt do dhithis òg le Gàidhlig fhaighinn a-steach gu na gnìomhachasan cruthachail agus a bhith ag obair còmhla ri buidhnean airson na sgilean cruthachail aca a leasachadh tron Ghàidhlig.

"Tha sinn gu sònraichte airson gun tig iarrtasan bho bhuidhnean a tha airson a' Ghàidhlig a leudachadh san àite-obrach aca no nach eil air a bhith an sàs ann a bhith a' cur phròiseactan Gàidhlig air adhart roimhe. 'S e cothrom fìor mhath a tha seo airson dithis dhaoine òga adhartas a dhèanamh nam beatha dhreuchdail agus a bhith cleachdadh nan sgilean Gàidhlig agus sgilean cruthachail aca agus a bhith ag ionnsachadh mun t-saoghal-obrach."

Thuirt Colin Bradie, Manaidsear Ealain na h-Òigridh aig Alba Chruthachail: "Tha Alba Chruthachail fìor thoilichte Bhladhna na h-Òigridh 2018 a chomharrachadh le bhith a' toirt cothroman don òigridh cosnadh pàighte fhaighinn sna gnìomhachasan cruthachail, ealain no sgrion tro Stòras nan Greisean-trèanaidh Cruthachail. Bheir an sgeama seo cuideachd cothroman don òigridh na sgilean aca a leasachadh agus eòlas proifeiseanta fhaighinn a bhios feumail dhaibh gus adhartas a dhèanamh le bhith a' cur às do na cnapan-starra a bha a' cur bacadh orra roimhe. Bidh buannachd ann do na buidhnean cuideachd le bhith a' faighinn smaointean agus beachdan ùra bhon luchd-trèanaidh."

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air <http://www.creativescotland.com/funding/funding-programmes/targeted-funding/year-of-young-people-creative-traineeships>

Feumaidh iarrtasan a bhith ann ro 15 Faoilleach 2018 agus thèid na Greisean-trèanaidh uile a thòiseachadh ann an 2018 agus feumaidh iad a bhith crìochnaichte ro dheireadh a' Mhàirt 2019.



Year of Young People 2018 offers opportunities for young Gaelic speakers

Bòrd na Gàidhlig, in partnership with Creative Scotland, is supporting the Year of Young People 2018 through a scheme which offers funding for groups working in the creative, arts or screen industries to create 12-month traineeships for two Gaelic speakers, aged between 16 and 24.

The support from the Creative Traineeship Fund is open to any creative organisation or business with a track record in delivering high-quality arts activity. Two traineeships will be targeted at fluent Gaelic speakers who are looking to work in the creative, arts or screen industries but who may be facing obstacles in their efforts to develop their careers.


Daibhidh Boag, Director of Planning and Community Development with Bòrd na Gàidhlig, welcomed the new scheme saying: "We are delighted to be working in partnership with Creative Scotland on this initiative which will give two young Gaelic speakers the chance to work in the arts, screen or creative industries and to develop their creative skills through Gaelic.

"We would encourage applications in particular from any organisation wishing to increase the level of Gaelic content and usage within their workplace or from organisations that may not have been involved in Gaelic projects previously. These are opportunities for two young people to develop their careers and creative skills through the Gaelic language while learning about life in the work-place."

Colin Bradie, Youth Arts Manager with Creative Scotland, said: "Creative Scotland is delighted to be working with Bòrd na Gàidhlig to mark the Year of Young People 2018 through enabling young people to gain paid employment experience within the arts, screen and creative industries through the Creative Traineeship Fund. This support will give the young people the chance to develop their skills and gain knowledge which help them to overcome any obstacles which they may be facing. The organisations also will benefit from the new ideas and thinking which the trainees will bring to the businesses."

Applications and further information for the Creative Traineeship Fund can be found on <http://www.creativescotland.com/funding/funding-programmes/targeted-funding/year-of-young-people-creative-traineeships>

Applications must be submitted by 15 January 2018 and all Traineeships will begin in 2018 and must be completed by March 2019.



Craobh nan Leabhraichean

Tha Comhairle nan Leabhraichean fada an comain Acair, Wee Mackay Press agus a h-uile neach a thug taic do dh'iomairt carthannais na Nollaige aca, 'Craobh nan Leabhraichean'.

Le taic bho na foillsichearan agus luchd-ceannach, bha e comasach do Chomhairle nan Leabhraichean 120 leabhar Gàidhlig a thoirt seachad do chlann ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a tha beò ann am bochdainn.

Chaidh brath a sgaoileadh air a h-uile sgoil Ghàidhlig anns an t-Samhain tro chuairt-litir Fhoghlam Alba, a' faighneachd dhaibh an robh iad eòlach air teaghlaichean aig a bheil duilgheadasan aig an àm seo den bhliadhna, agus air am biodh leabhraichean a dhèith.

Chuir na sgoiltean liostaichean de leabhraichean a fhreagradh air a' chloinn gu Comhairle nan Leabhraichean agus chaidh an cur air Craobh nan Leabhraichean air an làraich-lìn agus anns a' bhùth. Bha 120 leabhar air a' chràobh, airson clann eadar Clas 1 agus Clas 7.

Thuir Shelagh Chaimbeul, Oifigear Reic is Margaideachd aig Comhairle nan Leabhraichean:

"Às dèidh sanasachd air na meadhanan sòisealta, chaidh leabhraichean luach £323 a cheannach air-loidhne agus anns a' bhùth againn. Chùm Comhairle nan Leabhraichean cafaidh-leughaidh tro Sheachdain Leabhraichean na h-Alba nuair a chaidh £108 a thogail airson barrachd leabhraichean a cheannach. Tha sinn gu mòr an comain nam foillsichearan a thug taic dhan iomairt, agus tha sinn gu sònraichte a' dèanamh luaidh air taic bho Acair, is iad fhèin a' tighinn gu crìoch bliadhna shoirbheachail a' comharrachadh 40 bliadhna de dh'fhoillseachadh.

Thèid na leabhraichean uile a chur dha na sgoiltean ron Nollaig airson an toirt seachad do na teaghlaichean. 'S ann ri linn coibhneas a h-uile duine a thug taic don iomairt a bhios e comasach do bharrachd leughadairean òga leabhar Gàidhlig a leughadh air Latha na Nollaige.

Tha luchd-obrach Chomhairle nan Leabhraichean a' guidhe Nollaig Chridheil agus Bliadhna Ùr Mhath dhuibh uile."

Gaelic Book Gifting Tree

The Gaelic Books Council would like to warmly thank Acair, Wee Mackay Press and all those who contributed to our Christmas charity campaign, the Gaelic Book-Gifting Tree.

Support from the publishers and customers has allowed the Gaelic Books Council to provide 120 pupils in Gaelic medium education who are living in difficult circumstances with Gaelic books for Christmas.

All GME schools were approached in November through Education Scotland's newsletter asking if they were aware of any families who were particularly struggling at this time of year and who would not otherwise be able to buy a book for their children.

The schools sent the Gaelic Books Council requests for books, which were all added to the gifting tree online and in the Gaelic bookshop. A total of 120 books were added to the tree, for pupils ranging from P1 to P7.

Shelagh Campbell, the Gaelic Books Council's Sales and Marketing Officer said:

"Following a social media and email campaign, £323 worth of books were purchased online and in our shop. The Gaelic Books Council held a coffee morning during Book Week Scotland, which raised a further £108 to purchase more books. We are hugely grateful to the publishers who supported this campaign, particularly Acair, who are coming to the end of a successful year celebrating their 40th anniversary.

All books will be delivered to the schools before the Christmas holidays, to allow them to be distributed to families. The kindness of those who supported the campaign will allow more young Gaelic readers to enjoy a book on Christmas Day.

The Gaelic Books Council would like to wish you all a very happy Christmas and New Year."

Craobh nan Leabhraichean
Gaelic Book-Gifting Tree



 Mile taing dhan a h-uile neach a tha air taic a thoirt do leughadairean òga
Thanks to all those who have supported young Gaelic readers 





Òrain Ghàidhlig à Ìle

Bha Acair air leth toilichte ‘Òrain Ìleach’, deasaichte le Lynn NicDhòmhnaill, a chuir air bhog aig tachartas aig Islay House ann an Ìle, air Disathairne 25mh t-Samhain.

Aig an tachartas bha Còisir Ghàidhlig Ìle, an Còisir Òg, agus iomadach sàr sheinneadair eile!

Anns an leabhar seo gheibhear òrain a tha cur an cèill spiorad Gàidhlig Ìle tro eachdraidh, dualchas agus àrainneachd phrìseil an eilein. Thàinig an leabhar gu buil tro phròiseactan ionadail far an do cho-obrach coimhearsnachdan le bhith cruinneachadh òrain de gach seòrsa – cuid air an robh mu thràth deagh aithne agus cuid eile nach deach a-riamh an clò. A thuilleadh air an sin chaidh ath-nuadhachadh a dhèanamh air pìosan bàrdachd traidiseanta le bhith cur ceòl às ùr riutha. Tha an leabhar air a chur ri chèile gu gasta le ìomhaighean fìor àlainn den eilean agus air a dhealbhadh gu grinn airson luchd-ciùil a bhith ga chleachdadh. Tha eadar-theangachadh cuideachail an cois gach òran.

Leabhar a dh’fheumar fhaighinn ma tha ùidh idir agad ann an òrain à Ìle.



Gaelic Songs of Islay

Acair were delighted to launch ‘Òrain Ìleach’, which was edited by Lynn Macdonald, at Islay House in Islay on Saturday 25th November.

Present at the event were Islay Gaelic Choir, the Junior Choir and many other wonderful singers!

Songs from Islay’s Gaelic community, capturing the spirit of the landscape, history and culture of the island are included in this book. The book is a distinctive local collaboration, drawn from recent local projects reviving traditional poetry with new music and gathering previously unpublished songs together with old favourites. Featuring original images of Islay’s beautiful landscape, the book is designed to be used for performance with music and accessible translations of every song.

A must have book for everyone with an interest in Gaelic songs from Islay.



30

rud ri dhèanamh mus bi thu 3

cluichbuidhinnleugh
Spòrs bhon chiad latha

Seall! Tha sinn #30 latha de chluich

- | | | | | | | | |
|---|--|--|---|---|--|---|---|
| 1
Thoir biadh
 | 2
Cluich Gìog Ort
 | 3
Cluich anns a' phàirc
 | 4
Seinn Cuibhlichean a' Bhùs
 | 5
Gàire mòr airson fèineag
 | 6
Dèan gnìomhan do Incy Wincy Spider
 | 7
Coimhead airson plèan anns an adhar
 | 8
Seinnibh còmhla
 |
| 9
Sèid buileaganan
 | 10
Bi ri spòrs anns an amar
 | 11
Leum ann an lòn
 | 12
Dèan lorg-làimhe le peant
 | 13
Dèan splais ann am mias nan soithichean
 | 14
Dèan dealbh le cruthan pasta
 | 15
Rach a lorg ulaidh a-muigh
 | 16
Cluich falach-fead
 |
| 17
Dèan aodainn èibhinn san sgàthan an dèidh a' fhiaclan a ghlanadh
 | 18
Tog bothag le plangaidean is cluasagan
 | 19
Dèan sgluis le taois-cluiche
 | 20
Cuidich anns a' chidsin
 | 21
Cluich le èididhean
 | 22
Sgioblach do dhèideagan
 | 23
Dèan crathadair ciùil le rus ann an tuba
 | 24
Cuidich a' cur uisge air na lusan
 |
| 25
Tadhail an-asgaidh air leabharlann son stòiridhean, òrain agus rannan aig Seisean Bookbug
 | 26
Cuidich a' cur seachad nan gnothaichean bhon bhùth
 | 27
Tarraing dealbh den bheathach as
 | 28
Dèan an Hokey Cokey!
 | 29
Lorg agus lean d' fhlaeas
 | 30
Tog tùr le bogsaichean falamh agus
 | <p>Seo do mhiosachan #30 latha de chluich. Airson gach latha tha sinn air gnìomh a mholadh as urrainn dhut a dhèanamh cuide ris an leanabh a chuidicheas e gu bhith ag ionnsachadh, a' leasachadh agus a' faighinn toiseach tòiseachaidh math na bheatha.</p> | |



Care for a Cèilidh

'S e sgeama sònraichte a th' ann an "Care for a Cèilidh" far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus cluicheadairean traidiseanta a' cumail cèilidhean ann an taighean-chùram eadar-dhealaichte. Chìthear gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le Care for a Cèilidh. Taing mhòr dhuibh uile.

"Care for a ceilidh" is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent Care for a Cèilidh events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>





An Nollaig agus a' Bhliadhn' Ùr
Festive Season

Fiosrachadh Phrògraman
Programme Information



BBC.CO.UK/ALBA

BBC.CO.UK/IPLAYER

[f FACEBOOK.COM/BBCALBA](https://www.facebook.com/BBCALBA)

[🐦 @BBCALBA](https://twitter.com/BBCALBA)

An Nollaig agus a' Bhliadhn' Ùr

Lorient is Alba: Scotland's Year

Riochdaichte le Bees Nees Media
Produced by Bees Nees Media

Disathairne 9 Dùbhlachd 9f
Saturday 9 December 9pm

A' comharrachadh Bliadhna Alba aig Fèis Chiùil Interceltique ann an Lorient, 2017. Air a libhrigeadh le Julie Fowlis agus Ailean Dòmhnallach agus le cuid den luchd-ciùil thraidiseanta agus folk as fhearr ann an Alba a' soillseachadh an àrd-ùrlair.

A look back at the Year of Scotland at the Interceltique Music Festival, Lorient, 2017. Presented by Julie Fowlis and Allan MacDonald and including some of Scotland's best folk and traditional musicians who delighted audiences in Brittany.



Lorient Is Alba: Scotland's Year

Trusadh: Tìodhlac Ghosta Trusadh: Gosta's Gift

Riochdaichte le MacTV
Produced by MacTV

Diluain 11 Dùbhlachd 9f
Monday 11 December 9pm

